



Fuaim a' *Chuain*

Goireas ionnsachaidh:

**Ciamar a dh'atharraicheadas
creatairean?**



© Gerald Robert Fischer via Shutterstock

Ciamar a dh'atharraicheadas creutairean?

Amasan So-sheasmhachd:



Cuspairean sgoile:

Saidheans, Litearrachd agus
Gàidhlig

Aois 7-11

Ceanglaichean a' Churraicealaim:

Fiadh-bheatha na Rìoghachd Aonaichte,
Bith-iomadachd, Freagarrachadh, Àrainnean,
Eag-shiostaman, Leughadh, Sgrìobhadh, Obair buidhne,
Dràma, Taisbeanadh

Prionnsapalan Litearrachd a' Chuain:

5. Tha an cuan a' cumail taic ri iomadachd mòr de
bheatha agus eag-shiostaman

Amasan Ionnsachaidh:

- Is urrainn dhomh mìneachadh dè th' ann an 'àrainn' agus is urrainn dhomh cuid de na beathaichean a bhios a' fuireach ann ainmeachadh
- Tha mi a' tuigsinn mar a tha beathaichean air freagarrachadh chun na h-àrainn aca agus carson a bha feum aca sin a dhèanamh
- Is urrainn dhomh mo sgilean cruthachaileachd a chleachdadadh mar phàirt de bhuidheann

Goireasan sa Phasgan::

Faidhle Fiosrachaидh na h-Àrainne
Dealbhan na h-Àrainne
Cairtean gnè
Mu mo chreutair duilleag-obrach

Ceum a h-aon

Cùl-raon

Bidh beathaichean a' freagarrachadh a rèir na h-àrainneachd, no àrainn, far a bheil iad a' fuireach. Tha tòrr atharrachaidhean sònraichte aig beathaichean na mara. Gus rabhadh a thoirt seachad do sealgairean, bidh gibeanaich a' sgaoileadh inc dhubh agus ag atharrachadh an dath aca gus an cumail am falach. Tha greimichean snàthadaige aig cìochagan-thràghad (anemones) agus sgoldraich gus am biadh aca a ghlacadh. Tha fiaclan fior làidir aig bàinrich airson algach a sgriobadh far na chreagan - is e an an stuth as làidire ann an rioghachd nam beathaichean agus chan eil ann ach aon stuth eile a tha nas làidire (snàithlichean carboin).

Airson barrachd ionnsachadh mu dheidhinn freagarrachadh, coimhead air na *cairtean gnè*.

Ceum a dhà

Toiseach Tòiseachaidh

10 mionaidean - Freagarrachaidhean airson a bhith beò

Bridhinn mu na rudan a dh'fheumas beathaichean airson a bhith beò: ocsaidean, uisge, biadh, fasgadh agus ginealachadh. Cleachd fasgadh/dachaigh gus an teirm 'àrainnean' a mhíneachadh. Dèan ceangal eadar na rudan sin agus aig beatha beathach air a bheil na sgoilearan eòlach, mar eòin.

Mìnich dè th' ann am freagarrachadh agus bridhinn air mar a tha beathaichean air atharrachadh ris na h-àrainnean aca. Mar eisimpleir, tha na h-eòin air freagarrachadh airson a bhith ag itealaich gus am faigh iad biadh thairis air sgìre mhòr, agus is urrainn dhaibh neadan a chruthachadh a tha suas gu math àrd, air falbh bho sealgairean. Bridhinn air na feartan a th' aig diofar eòin cumanta, mar itean de dhiofar dath, agus diofar chumaidhean agus mheudan de na cuirp aca agus gob a rèir far a bheil iad a' fuireach (coiltean, gàrraidhean, bearraidhean, lochan-mara).

Ceum a trì

Gníomhan

Gníomh 1: 30-40 mionaid - Càite a bheil mi a' fuireach?

Minich na faclan 'na mara'. Bruidhinn mu dheidhinn diofar àrainnean mara (coimhead air am *faidhle iosrachaidh*) le bhith a' sealltainn *Dealbhan na h-Àrainne* air do bhòrd-gheal. Clò-bhuail iad seo agus cuir iad timcheall an t-seòmar-clas. Bheir *cairt gnè* do gach sgoilear. Bu chòir do na sgoilearan a bhith a' coiseachd timcheall an t-seòmair a' coimhead air gach àrainn agus a' smaoineachadh nam biodh an creutair acasan a' fuireach san àrainn sin no nach bhiodh. Nuair a tha iad air na h-àrainnean uile fhaicinn, bu chòir dhaibh seasamh ri taobh an dealbh den àrainn a tha iad a' smaoineachadh a tha as freagarraiche don chait aca. Dèan cinnteach gu bheil na sgoilearan air an àrainn cheart a thaghadh. An uair sin, mar chlas, thèid tro gach àrainn agus faighnich do gach sgoilear nam b' urrainn dhaibh an creutair aca a mhíneachadh. Faighnich an urrainn do dhuine sam bith a' tomhais dè an creutair. Bu chòir do sgoilearan ainm a' chreutair a shealltainn agus a' leughadh am fiosrachadh a th' aca mun deidhinn.

Gníomh 2: 10 mionaidean - Fòcas air creutairean

Bu chòir do na sgoilearan an duilleag-obrach *Mu mo chreutair* a lìonadh leis an fiosrachadh a th' aca bho Gníomh a h-aon.

Gníomh 3: 30 mionaidean - Latha ann am beatha

Bu chòir do na sgoilearan daoine eile a lorg aig a bheil beathaichean bhon aon àrainn aca gus buidheann a chruthachadh. Bruidhinn ri chèile mun eòlais a th' aca mun chreutair. Ag obair còmhla ann am buidhean àrainn, bu chòir do na sgoilearan dealbh-chluich ghoirid mu bheatha san àrainn aca a chruthachadh, a' dèanamh cinnteach gun cuir iad a-steach fiosrachadh a ionnsaich iad bho Gníomh a h-aon agus Gníomh a dhà. Bidh gach buidheann a' gabhail an cothrom gus na creutairean aca a thaisbeanadh air beulaibh a' chias.

Ceum a ceithir

Dùbhlan

1-2 uair - Taigh-cluiche bheathaichean

Dh'fhaodadh buidhnean practas a dhèanamh air an dealbh-cluich aca agus dh'fhaodadh iad cuideachd ionnsramaidean ciùil a chleachdadh.

Dh'fhaodadh buidhnean an uair sin na dealbhan-cluiche aca a thaisbeanadh aig cruinneachadh na sgoile gus beatha fon uisge a shealltainn.

Ceum a còig

Sùil air ais

5 mionaidean

Dè th' ann an àrainn? Carson a bhios feum aig beathaichean freagarrachadh a dhèanamh gu na h-àrainnean aca? An urrainn dhut smaoineachadh air eisimpleir de mar a tha beathach air freagarrachadh ris an àrainn aca?

Dè dh'ionnsaich thu mu bhith ag obair còmhla mar sgioba? Dè bha doirbh mu bhith a' cruthachadh dealbh-cluich? Dè a chòrd riut mun gníomh seo?

Ceum a sia

Sùil air adhart

Thoir sùil air ar leasanan air *Slugan Carraig* agus *Beatha san Doimhne* airson sgrùdadh a dhèanamh air freagarrachaidhean eadar-dhealaichte ann an diofar àrainnean.

Gus sgrùdadh a dhèanamh air creutair sònraichte, bheir sùil air na leasanan *Chan eil clearbain eagallach* agus *Turtaran tàltantach*.

Faidhle Fiosrachaидh na h-Àrainne



© Dronegraphica

Feur-rèisg

Gheibh thu àrainnean feur-rèisg air feedh costa na Rìoghachd Aonaichte ann an àitichean fasgach. Is urrainn do feur-rèisg a bhith am briseadh an àrd ann an diofar sònaichean:

- Bidh an t-àite aig a' mhullach a' dol fo tuil na mara nuair a bhios stoirmean ann
- Bidh an t-àite sa mheadhan a' dol fo tuil na mara aig àirde-mhara ach chan eil uisge annta aig ìse-mhara
- Tha an t-àite aig a' bhonn an còmhnaidh còmhdaichte leis a' mhuir

Bidh mòran lusan a' fuireach ann am feur-rèisg. Bidh lusan coltach ri feur a' fàs ann an àitichean còmhdaichte leis a' mhuir. Nas àirde suas air a' chladach, bidh lusan flùrach nas mothà a' fàs, agus mu dheireadh, bidh preasan a' fàs san t-àite as àirde. Tha feur-rèisg nan àrainneachdan boglach, is tha seo na àite fior mhath airson boiteagan agus beathaichean sligean. Tha seo cuideachd na àite mhath airson na h-eòin, oir tha seo a' ciallachadh gu bheil na boglaichean gu math sailte.



© PublicDomainPictures

Gaineamhan

Is e àrainnean gainmhich fon uisge an àrainn mara as cumanta. Is dòcha gu bheil iad a' coimhead dòrainneach, ach tha iomadachd gu leòr annta! Leis nach eil mòran lusan no clachan ann airson a bhith am falach bho sealgairean, feumaidh beathaichean a tha a' fuireach sa ghainmhich atharrachadh. Tha breug-riochd aig cuid de bheathaichean agus bidh iad a' dol am falach sa ghainmhich. Bidh mòran èisg a' cleachdadadh àrainnean gainmhich airson na h-uighean aca a chuir am falach ann an tuill air grunnnd na mara.

Faidhle Fiosrachaидh na h-Àrainne



© Jeremy Bishop

An Cuan Farsaing

Is e Cuan an Ear-thuath an sgìre againne den chuan. Is urrainn dhuinn seo a roinn ann an cuantan nas lughha:

- Gu deas air an Rìoghachd Aonaichte, tha Caolas na Frainge
- Air taobh an ear, tha an Cuan a Tuath
- Tha an Cuan Èireannach eadar Èirinn agus an Rìoghachd Aonaichte

Tha measgachadh mòr de bheathaichean a' fuireach sa chuan, bho phlancton beaga biòdach gu mucan-mara mòra. Bidh cuid de bheathaichean a' cur am beatha gu lèir aca seachad ann an uisgeachan farsaing a' chuain, mar rionnaich. Bidh cuid eile, mar clearbain, a' cur seachad an ùine ann an uisgeachan eu-domhainn air a' chladach. Agus bidh cuid de bheathaichean, mar ròin, a' fuireach air tràighean agus a' cleachdadhbh a' chuain farsaing airson iasg ithe.



© Benjamin L. Jones

Leapannan feur-locha

Is e feur-locha an aon lus flùrach sa chuan. Tha e ri lorg ann àiticheadh grianach le uisgeachan ciùin, eu-domhainn air feadh an t-saoghal. Nuair a bhios feur-locha a' fàs ann an àiticheadh mòra, is e leapannan feur-locha a chanas daoine orra. Tha leapannan feur-locha ainmeil air feadh an t-saoghal airson an luach de ghnèithean èisg a tha ri lorg ann. Tha iad cuideachd na dachaigh dha mòran dà-shligich, boiteagan agus crosgagan. Anns an Rìoghachd Aonaichte, tha dà chreutair iongantach a tha a' fuireach ann an leapannan feur-locha a-mhàin: an capall-mara gobagach (*spiny seahorse*) agus sgoldrach-badanach (*stalked jellyfish*).

Faidhle Fiosrachaидh na h-Àrainne



© MCS/Rachel Wyatt

Slugan carraig

Tha slugan carraig ri lorg air feadh na Rìoghachd Aonaichte air cladaichean creagach. Tha an àrainn gu leir gu math uisgeach aig àmanan àirde-mhara, ach 's e dìreach na ladan beaga a bhios a' stòradh uisge aig ìsle-mhara. Tha slugan carraig nan àiteachan dùblanach airson a bhith a' fuireach air sgàth:

- Diofar tìdeachan-mara
- Gluasadan nan tuinn làidir
- Bidh solas na grèine a' teasachadh an uisce anns na ladan, is mar sin bidh deatachadh (evaporation) a' tachairt agus tha salainneachadh nas àirde ann
- Uisce-adhair a' toirt buaidh air salainneachadh
- Daoine a' coiseachd air a' chosta, 's dòcha a' cur dragh air creatairean
- Tòrr creatairean a' farpais airson àite fuirich, is iad uile san h-aon slugan carraig còmhla aig ìsle-mhara.

Feumaidh na beathaichean a tha a' fuireach anns na slugan-carraig air am freagarrachadh gu soirbheachail gus ionnsachadh mar a bhios iad beò ann an àite a bhios an còmhnaidh ag atharrachadh.

Tha slugan carraig na dachaigh do tòrr bheathaichean am measg na creagan, fo na creagan, agus fon fheamainn.

Facian feumail:

Gnèithean – buidheann de fhàs-bheairtean beò far a bheil feartan cumanta aca le fàs-bheairtean eile far am faodar breith eadarra

Freagarrachadh – am pròiseas atharrachaidh far am bi fàs-bheairt ag atharrachadh a rèir an àrainneachd aca

Àrainn – is e àrainn an dachaigh nàdarrach no an àrainneachd anns a bheil beathach, lus no fàs-bheairt a' fuireach. Tha a h-uile càil a dh'fheumas fàs-bheairt a bhith beò leithid biadh agus fasgadh mar phàirt den àrainn

Meanbh-àrainn – Tha meanbh-àrainn na àite beag am broinn àrainn mòr a tha na dachaigh do gnè shònraichte.

Freagairtean airson an geama-maidsidh:

Feur-rèisg – Luga, crotag, carran-eabar, trilleachan, teilin

Slugan carraig – Báirneach, bun-dùn, portan, faochag, blenny

Gaineamhan – Èisg rèidh, coilleag, dionntag, giogan, easgainn gainmhich

An Cuan Farsaing – peileagan-choitcheann, rionnach, sgoldrach, ròn, john dory

Leapanan feur-locha – Capall-mara, gibeanach, blathan-laoghan, bun-dùn nan tiùib

Feur-rèisg




Slugan carraig



Gaineamhan



An Cuan Farsaing



Leapannan feur-locha



Feur-rèisg

Lugaichean
Lugworm



Tha iad beò fon talamh ann an toll ann an cumadh coltach ri U. Bidh iad a' dèanamh an toll le bhith ag ithe gainmheach is gan chuir a-mach an taobh eile! Is iad am biadh as fheàrr le mòran eòin.

Crotagan
Curlew



Tha iad ainmeil airson an gob fhada, lùbte aca. Tha iad air an ainmeachadh às dèidh am fuaim a nì iad: 'cur-lidh.' Tha an àireamh de crotagan air a dhol sìos gu mòr agus tha iad a-nis ann an cunnart a dhol à bith.

Carrain-eabar
Mud Shrimp



Tha iad beò fon talamh ann an cumadh coltach ri U. Bidh iad a' cleachdadadh na iadhairean aca gus cladhach. Bidh iad a' sileadh na craicinn aca, mar nathair, nuair a bhios iad a' fàs.

Trìlleathan Oyster catcher



Bidh iad a' seinn òran àrd àrd, a tha coltach ri fuaim 'cliop-clìop.' Is urrainn do na goban aca a bhith rèidh mar òrd gus sligean fosgladh airson ithe, no faodaidh gob biorach a bhith aca airson a ghearradh sligean ann an dà.

Tellin
Teilin



Tha taobh a-staigh an dà shlige seo, tha creutair beag coltach ri seilcheag. Is urrainn dha toll 12cm de dhoimhneachd a dhèanamh a' cleachdadadh an cas fada gus cladhach. Tha ainm sònraichte aig beathaichean le dà shlige - dà-shligich (*bivalves*).

Slugan carraig

Bàirnich
Limpet



Tha an teanga aca còmhdaichte le fiaclan beaga. Bidh iad a' cleachdadadh iad seo airson algach a sgrìobadh far chreagan airson ithe. Is e an stuth as làidire ann an rioghachd nam beathaichean agus chan eil ann ach aon stuth eile a tha nas làidire (snàithlichean carboin)!

Bun-dùinteán 'beadlet'
Beadlet anemone



Tha corp aca coltach ri sgoldrach agus is urrainn dhaibh a' fuireach stuicte ri creagain. Bidh iad a' cleachdadadh na greimichean aca gus biadh a ghlacadadh. Is urrainn dhaibh a' dùnadh suas mar ball ma dh'fheumas iad.

Portanan
Shore crab



Tha exoskeleton cruaidh aca, a bhios iad a' fàgail nuair a dh'fhàsas iad nas mothà (coltach ri craiceann nathair). Bidh iad a' cleachdadadh na spògan aca nuair a bhios iad ag ithe no a' sabaid.

Faochagan cumanta
Common Periwinkle



Bidh daoine gan ithe mar bhiadh saillte. 'S e seòrsa de seilcheag-mhara a th' annta. Bidh iad a' cleachdadadh an cas gus iad fhèin a' sticeadh ris a' chreig. Bidh iad cuideachd a' cleachdadadh an cas airson algach a sgrìobadh far na creagan airson ithe.

Tompot Blenny



Tha iad nan èisg dathte le greimichean air a' chinn. Is toil leotha a bhith a' geàrdaich na dachaighean aca. Bidh na fireannaich a' coimhead às deidh na h-uighean gus am bi iad deiseil airson fosgladh.

Gaineamhan

Leàbagan-mòra Plaice



'S e seòrsa de dh'èisg rèidh a th' annta. Bidh iad a' cumail am falach san àrainn aca. Bidh iad a' töiseachadh nam beathanan aca coltach ri èisg àbhaisteach, ach töisichidh iad a' snàmh gu slaodach air grunnd na mara. Nuair a bhios an atharrachadh seo a' tachairt, bidh na sùil aca a' gluasad gu mullach nan cinn!

Coilleagan Cockle



Is e seòrsa de *bivalve* a th' annta, a' ciallachadh gu bheil dà shlige aca. Bidh iad a' dol am falach anns a' ghainmheach gus am bi iad air falbh bho sealgairean mar èisg rèidh. Tha loidhnichean fàs air na sligean aca, agus bidh sinn a' cleachadh am fiosrachadh seo gus faighinn a-mach dè cho aosd 's a tha iad, coltach ri craobh.

Dionntagan Weever fish



Bidh iad a' dol am falach sa ghainmheach. Tha gaine *dorsal* biorach dhubh aca, le puinnsean na bhroinn, is bidh iad gan chleachdadadh gus eagal a chuir air sealgairean. Tha na snàthadagan aca glè ghoirt ma sheasas sibh orra gun fhiosta.

Gioganan Burrowing urchin



Tha ainm eile aca cuideachd - buntàta na mara. Bidh iad a' cleachdadadh na cnàmhan-droma bog aca gus dol am falach tron drùid. Fo na cnàmhan-droma aca, tha slige ann a tha coltach ri cridhe, is mar sin tha ainm eile aca - giogan a' chridhe.

Easgainn gainmhich Sand eels



Gu h-inntinneach, chan e easgannan a th' annta idir, ach tha cumadh nan easgann orra. Tha iad nam biadh cudromach dha eòin-mhara, mar buthaidean. Gus nach tèid iad ithe, bidh iad uile a' snàmh còmhla.

An Cuan Farsaing

**Peileagan-coitcheann
Harbour porpoise**



Bidh daoine tric a' smaoineachadh gur e leumadairean a th' annta, ach tha iad tòrr nas lugh a le gainne *dorsal* nas lugh a cuideachd. Feumaidh iad tighinn dhan uachdar airson adhair, agus bidh iad a' dèanamh fuaim mar mhuc nuair a bhios iad a' ghabhail anaill. Leis a sin, tha far-ainm aca - am 'puffing pig'.

**Rionnaich
Mackerel**



Bidh iad a' snàmh ann an sgoiltean mòra còmhla. Is toil leotha plancton agus easgannan gainmhich ithe. Tha na h-earbaill coltach ri forca, is tha seo a' ciallachadh gun urrainn dhaibh snàmh gu luath. Bidh beathaichean eile, mar peileagan-choitcheann agus leumadairean a' feuchainn rin ithe.

**Sgoldraig Chombaist
Compass jellyfish**



Tha droch snàthadag aca a bhios iad a' cleachdadadh gus èisg agus sgoldraig eile a ghlacadh. Tha far-ainm aca, deanntagan na mara, air sgàth 's an droch snàthadag aca.

**Cearbanan-grèine
Basking sharks**



Mu 8-10 meatairean a dh'fhaid, is iad an dàrna iasg as mothà san t-saoghail. Bidh iad ag ithe tro sioltachain, is tha plancton beaga biòdach am biadh as fheàrr leotha.

John dory



Tha corp gu math rèidh aca agus tha 8-10 gainean *dorsal* aca, tha coltas gu bheil *mohican* aca. Bidh iad a' fuireach leotha fhèin. Tha spot aca air gach taobh a tha a' coimhead coltach ri sùilean. Bidh seo a' toirt air sealgairean a bhith a' smaoineachadh gur e creutairean a th' annta le dà shùil mòr, cruinn.

Leapannan feur-locha

Gibeanaich
Cuttlefish



Bidh iad ag atharrachadh na dathan aca gus am b' urrainn dhaibh a bhith am falach bho sealgairean agus bidh iad a' sgaoileadh inc dhubb cuideachd gus rabhadh a thoirt dhaibh. Tha na h-ùighean aca coltach ri fion-dhearc, is bidh iad a' sticeadh na h-ùighean seo air lusan gus nach bi iad a' fleòdradh air falbh.

Blathan-laoghan
Corkwing wrasse



Tha na h-èisg boireann/òg donn/uaine ann an dath. Tha na fireannaich gu math dathach, ach bidh iad ag atharrachadh air an oidhche gus am b' urrainn dhaibh a bhith am falach bho sealgairean.

Capaill-mhara
Gobagach
Spiny Seahorse



Is e seòrsa de dh'èisg a th' annta. Is urrainn dhaibh na dathan aca atharrachadh a rèir na h-àrainneachad aca. Bidh an capall-mara fireann a' coimhead as dèidh na h-uighean (coltach ri pocaid kangaroo).

Sgoldraig-badanach
Stalked jellyfish



Chan eil iad coltach ri sgoldraig sam bith eile oir cha bhi iad a' snàmh mun cuairt. Bidh iad a' cuir seachad a bheatha ceangailte ri lus. Tha 8 gàirdeanan aca, agus tha timcheall air 45 greimichean aca air gach gàirdean!

Bun-dùinteán a' phìob
Tube anemone



Is e seòrsa de bun-dùn a th' annta a bhios a' dol am falach air grunnnd na mara. Bidh na greimichean aca a' fuireach a-mach agus a' gluasad mun cuairt gus biadh a ghlaicadh. Tha suas ri 70 greimichean aig gach fear.

Mu mo chreutair

Ainm:


Dè an t-ainm a th' air do chreutair?

Dè seòrsa àrainn a th' aca?

Ciamar a tha iad air freagarrachadh dhan àrainn?



Ciamar a tha an creutair freagarrach airson na h-àrainn?



Ciamar a bhios do chreutair a' glacadh biadh?

Seo dealbh de mo chreutair...





Fuaim a'
*Chuain*

Ciamar a dh'atharraicheas creatairean?:
Eòlasan agus Builean

Litarrachd agus Gàidhlig

- Fhad 's a tha mi ag èisteachd agus a' gabhail pàirt ann an còmhraídhean, 's urrainn dhomh facail, abairtean agus gnàthasan-cainnte Gàidhlig ùra a chleachdad airson mo chuideachadh a' dèiligeadh ri daoine ann an dòigh phongail, a' cleachdad briathrachas farsaing agus structaran càinach nach eil cho sìmplidh. **GAI 2-02a**
- 'S urrainn dhomh beachdan is fiosrachadh iomchaidh a thaghadh is a chur an òrdugh ann an dòigh a tha freagairt air m' adhbhar agus facail a chleachdad a fhreagras air mo luchd-amais. **LIT 2-06a**
- Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh:
 - fiosrachadh, eòlasan is beachdan innse
 - pròiseasan agus beachdan a mhìneachadh
 - na cùisean a thèid a thogail aithneachadh agus geàrrchunntas a dhèanamh air na prìomh phuingean agus cho-dhùnaidhean
 - puingean a shoilleireachadh le bhith a' faighneachd cheistean no le bhith ag iarraidh air daoine tuilleadh a ràdh. **LIT 2-09a**
- 'S urrainn dhomh notaichean a sgriobhadh, an cur an òrdugh fo chinn fhreagarrach agus an cleachdad airson fiosrachadh a thuigsinn, mo smaoineachadh a thoirt air adhart, ceistean a rannsachadh agus teacsainchean ùra a chruthachadh, a' cleachdad m' fhacail fhìn mar a bhios iomchaidh. **LIT 2-15a**

Ealain Chruthachail

- Tha mi air eòlas fhaighinn air cho inntinneach is brosnachail 's a tha e a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartas no taisbeanadh agus a bhith nam phàirt den luchd-amais aig taisbeanaidhean/tachartasan dhaoine eile. **EXA 2-01a**
- Tha mi air dràma le sgriopt agus gun sgriobt a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' fàs mothachail air diofar luchdamais agus shuidheachaidhean. **EXA 2-14a**

Saidheansan

- 'S urrainn dhomh eisimpleirean de nithean a tha beò aithneachadh agus a sheòrsachadh, a-nis agus san àm a dh'fhalbh, gus mo chuideachadh airson sùim a ghabhail nan iomadachd. 'S urrainn dhomh feartan corporra agus fèinghiùlaineach a cheangal ri iad a bhith a' fuireach beò no a' dol à bith. **SCN 2-01a**

Le taing do ar com-pàrtichean



A' cur taic ri Fuaim a' Chuain:

Aberdeen City Council, Aberdeen Endowments Trust, Alexander Moncur Charitable Trust, Balgay Children's Society, Castansa Trust, Cookie Matheson Charitable Trust, David and June Gordon Memorial Trust, Educational Institute of Scotland, Forteviot Charitable Trust, The Gannochy Trust, Glasgow City Council, Hugh Fraser Foundation, Jimmie Cairncross Charitable Trust, Leach Family Charitable Trust, Leisure and Culture Dundee, Leng Charitable Trust, The McGlashan Charitable Trust, MEB Charitable Trust, Nancie Massey Charitable Trust, Northwood Charitable Trust, PF Charitable Trust, Q Charitable Trust, Scott Davidson Charitable Trust, ScotRail, Stevenston Charitable Trust, Tay Charitable Trust, Tillyloss Trust, Walter Craig Charitable Trust, Walter Scott Giving Group.



Royal Scottish National Orchestra
19 Killermont Street, Glasgow G2 3NX

Charitable Company registered in Scotland
Company Number: SC027809
Scottish Charity Number: SC010702

The RSNO is supported by
the Scottish Government

